

Bòrd MG ALBA

Crowne Plaza, Glaschu

3 agus 4/3/20

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:	Ailean Dòmhnullach (sa Chathair)	Jo NicDhòmhnaill
	Daibhidh Brew	Donaidh MacAmhlaidh
	Iain Stephen Moireasdan	Iain Mac a' Mhaoilein
	Marion Nic na Ceàrdaich	Rhoda NicDhòmhnaill
	Lisa Annette	

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)

Iseabail Nic an t-Sagairt [IMT] (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)
Niall M Greumach [NMG] (Stiùiriche Ionmhais)
Donaidh Dòmhnullach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)
Ealasaid Dhòmhnullach [ED] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)
Uisdean MacLeòid [UM] (Manaidsear Obrachaidh: Teicneòlas) [airson puing 8]
Mairead Chamshron [MC] (Deasachaidh Seanail) (airson puing 0)
Sarah Dhòmhnullach (Innterneach LearnGaelic) (airson puing 0)
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach, Ceannard Seirbheis BBC ALBA (airson puingean 5-7)
Ben McLeish [BM] Neach-sgrùdaidh, Wylie & Bisset (airson puing 10)

Chaidh fàilte a chuir air na buill ùra Rhoda NicDhòmhnaill, Lisa Annette agus Iain Mac a' Mhaoilein chun chiad choinneamh aca agus Ealasaid Dhòmhnullach, Stiùiriche ùr Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh chun chiad choinneamh aice.

Chaidh fàilte a chur air Mairead Chamshron agus Sarah Dhòmhnullach.

0. Taisbeanadh

Mhìnich MC mar a bha MG ALBA air a bhith ag obair air pròiseactan co-riochdachaidh agus co-mhaoineachadh thairis air na bliadhnaichean mu dheireadh, agus chaidh sùil a thoirt air diofar

eisimpleirean bho na prògraman sin. Chaidh innse gun do chur MG ALBA £1.8m a-steach do phrògraman co-obraichte bho 2017 a chur luach de £8.4m air sgrion BBC ALBA.

Chaidh deasbad a chumail air diofar mhodailean obrachaидh le seanailean eile leithid BBC Scotland, STV, TG4, S4C, leis an European Broadcasting Union, an Celtic International Fund, Alba Chruthachail agus mar sin air adhart.

Chuir am Bòrd fàilte air an t-soirbheas seo a bha gu maith an luchd-amhairc. Chaidh iomradh a thoirt air na h-uallachaidhean a bharrachd a bha seo a' cur air roinn gnothachais agus dè na nithean a dh'fhaodadh a dhèanamh gus seo a chuideachadh, le beàrnann ann an cuid de na companaidhean a thaobh goireasan, lagh agus ionmhas.

Chaidh taing a' Bhùird a nochdadadh do MC agus don sgioba airson an obair chruaidh a bha a' tachairt.

1. Leisgeulan

- 1.1 Dùghall MacAmhlaigh, Màiri Kidd.

2. Gnothaichean Dearbhte

- 2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh

- a) 26 & 27/11/19 – molaichte le Donaidh MacAmhlaidh agus daingnichte le Marion Nic na Ceàrdaich
b) Gnothaichean ag èirigh - comharraichte.

4. Aithrisean

a) Aithris bho Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidd (4/2/20)

- 4.1. Thug Cathraiche na Comataidh aithris agus bha buill riaraichte.
4.2. Thèid pàipear planaidh an luchd-sgrùdaidh a chuaireachadh air ball sam bith a tha dha iarraidh.

b) Aithris bho Chomataidh Inbhean (5/2/20)

- 4.3. Thug Cathraiche na Comataidh aithris agus bha buill riaraichte.

- 4.4. Tha obair a' leanntain air clàr-obrach na Comataidh airson 2020/21 ann co-bhoinn ris an obair a tha a' dol air Èifeachdas a' Bhùird.

5. Luchd-coimhid: dèanadas – Q3 2019/20

- 5.1 Bhruidhinn IMT mun phàipear mu dheidhinn ìrean coileantachd sheirbheisean chun luchd-amais. Chaidh còmhradh a chumail.
- 5.2 **Co-dhùnadh:** 1) thug buill fa-near don phàipear; 2) thig molaidean a thaobh dràma aig an ath ìre air beulaibh a' bhùird; 3) thèid inbhe HD airson BBC ALBA a chumail air a' chlàr-chùisean.

6. Còmhraidhean ro-innleachdail nam Meadhanan Gàidhlig

- 6.1 Bhruidhinn DC mun phàipear. Chaidh iomradh a thoirt air an fheum airson neartachadh suidheachadh nam meadhanan Gàidhlig le àrainneachd PSB ag atharrachadh agus ceistean ag èirigh mu sheasmhachd a' Chìs Chraolaidh agus cruth a' BhBC an dèidh a' Chairt Rioghail seo.
- 6.2 Chaidh innse mu adhartas leis a' phròiseact Còmhraidh Ro-innleachdail, agus chaidh iarraidh gum biodh na còmhraidhean le luchd-ùidh uile deiseil ann an ùine airson àm dèanamh manifestos nam pàrtaidhean politigeach airson taghaidhean 2021.
- 6.3 Chaidh aithneachadh gum biodh e cudromach an obair sin, an obair air Lèirsinn ùr MG ALBA agus plana ionmhais trì bliadhna (2021-2024) co-òrdanaichte agus deiseil airson deireadh 2020.
- 6.4 **Co-dhùnadh:** 1) thèid an tuilleadh còmhraidh a chumail air Là Ro-innleachd a' Bhùird air 31/3/20; 2) leanaidh obair air Lèirsinn agus Plana Ionmhais 3 bliadhna.
- 6.5 **Gníomhan:** plana dol an sàs phoilitigeach a chruthachadh le fòcas air Westminster as t-Samhradh agus Holyrood as t-Foghar/Geamhradh agus a bhith mothachail de àm dèanamh manifestos nam pàrtaidhean politigeach, le 's dochas tachartasan aig Holyrood san Dùblachd. **(ED)**

7. Maoineachadh nam Meadhanan Didseatach

- 7.1 Bhruidhinn DC mu phàipear. Chaidh innse gu robh e cudromach gum biodh MG ALBA soilleir mu dheidhinn ròl na buidhne anns na meadhanan didseatach agus gu robh 4 roghainnean ann.
- 7.2 Bhruidhinn IMT mu na roghainnean ann an doimhneachd. Chaidh moladh gur e Roghainn C, BBC ALBA a' leudachadh gu YouTube for bhratach a' BhBC agus MG ALBA a' brosnachadh

curation agus *aggregation* de stuthan didseatach Gàidhlig as iomchaidh – an dà chuid bho BhBC ALBA agus na stuthan as fheàrr fèin-chruthaichte le daoine fa leth.

- 7.3 Le moladh a' bhùird cumail air ais bho bhith a' tòiseachadh air làthaireachd YouTube gus am biodh e soilleir an robh cothrom ann barrachd maoin a thogail, chaidh iarraidh air buill coimhead ri na modailean sa phàipear (le modail C dha mholadh), le ceistean/smuaintean sam bith gan sireadh eadar seo agus an Là Ro-innleachd air 31/3/20.
- 7.4 **Co-dhùnadh:** thèid seo a dheasbad air Là Ro-innleachd a' Bhùird air 31/3/20.
- 7.5 **Gníomhan:** 1) plana ro-innleachdail 3 bliadhna ionmhais agus goireasan a chruthachadh, a' gabhail a-steach dè na goireasan (maoin agus teicneòlas) a chuireadh am BBC gu ruige seo mar chom-pàirtiche san t-seanail; 2) bithear mothachail air ro-innleachdan nàiseanta agus Plana Gàidhlig Nàiseanta agus am maoin pròiseict a dh'fhaodadh seo a thàladh. ([IMT/NMG](#))

8 Modail craolaidh neo-eisimeileach

- 8.1 Bhruidhinn UM mun phàipear, a' toirt fiosrachadh mionaideach do bhuill mu na ceumannan teicnigeach agus na cosgaisean a bhiodh an cois ruith seanail neo-eisimileach. Rinn NMG aithris mu choimeas cosgais ruith BBC ALBA agus cosgais ruith seanail neo-eisimileach.
- 8.2 Chaidh innse nach robh cosgaisean sgaoilidh rim faotainn fhathast, ri linn gu feumadh a dhol an sàs ann an còmhraidean airson aonta a ruighinn le Freeview, saideal agus càbal fa leth. Bheireadh sin ùine agus bhiodh cosgais ann.
- 8.3 Chaidh aontachadh gu robhas aig ère far am bu chòir gluasad chun ath cheum, le deuchainnean a dhèanamh gus a bhith deiseil a chur an gnìomh agus cosgaisean sgaoilidh chinnteach fhaighinn, no a chur gu taobh airson greis ma bhathas den bheachd gu robh na Còmhraidean Ro-innleachdail dol a' leantainn gu soirbheas.
- 8.4 **Co-dhùnadh:** thèid an tuilleadh còmhraideh a chumail air Là Ro-innleachd a' Bhùird air 31/3/20.
- 8.5 **Gníomhan:** 1) bidh feum air paipear ro-innleachd; 2) thèid cuimhne a chumail a thaobh an tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh air modail sgaoilidh agus cosgaisean HD agus air modaileadh gnothach airson adhbharan VAT agus 3) sùil a chumail air buaidh BBC ALBA a bhith na fhoillsichear. ([NMG](#))

Là 2

Leisgeulan

Dùghall MacAmhlaigh, Màiri Kidd.

00. Meadhanan Sòisealta

Chaidh seisean trèanaidh a thoirt seachad air Cod giùlan nam ball, ann an riochd deasbad treòirichte leis an Àrd-Oifigear.

Gníomhan: 1) thèid pìos bho Chòd Giùlain Ofcom a chuir ri Còd Giùlain MG ALBA; 2) thèid ceangal gu leabhar-làimh na buidhne a chuaireachadh air buill agus 3) thèid na slides a bh' air beulaibh bhall an-diugh a chuaireachadh air buill le fios a bharrachd a rèir a' chòmhraidi. (**MAMI/DC**)

9. Dashboard Q3

- 9.1 Bhruidhinn DC mun phàipear, a' toirt fiosrachadh do bhuill air ìre coileantachd na buidhne suas gu 31/12/20.
- 9.2 **Co-dhùnadh:** Thug buill fa-near don Dashboard.

10. Èifeachdas a' Bhùird (Ben McLeish an làthair)

- 10.1 Chaidh failte a chur air Ben McLeish bho Wylie & Bisset.
- 10.2 Bhruidhinn BM mun aithisg, ag ràdh gu robh am buidheann a' sealltann deagh chleachdad, gu robh e toilichte mu cho-obrachadh an sgioba àrd-stiùiridh agus a' Bhùird agus gu robh MG ALBA a' cosnadh inbhe "susbainteach" a thaobh èifeachdas a' Bhùird. Bha 13 molaidhean sa aithisg ris am faodar coimhead.
- 10.3 Bhruidhinn NMG mun phàipear, a' gabhail a-steach molaidhean agus freagairtean an sgioba àrd-stiùiridh. Chaidh innse gu robhas a' gabhail ri gach moladh ach moladh 11 a-mhàin, a bha a' moladh gum biodh pàipearan agus geàrr-chunntasan a' Bhùird air am foillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla seach sa Ghàidhlig a-mhàin.
- 10.4 Chaidh ceistean a chur air BM agus deasbad a chumail.
- 10.5 **Co-dhùnadh:** thèid coimhead ri 1) structar agus uallachaidhean Comataidh Inbhean; 2) uallachaidhean iocaidh a thoirt bho Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaileidh chun Chomataidh Ainmeachaide; 3) fèin-mheasadh agus measadh bùird – thèid pròiseas rianail bliadhnaile a chuir air chois le sùil air ionnsachadh agus leasachadh; 4) pàipearan bùird a leasachadh; 5) chaidh an aithisg fhèin aontachadh.
- 10.6 **Gníomhan:** thèid pìos obrach a chuir air chois le Wylie & Bisset, le cosgaisean agus clàr-ama, gus coimhead ri na nithean gu h-àrd. (**DC**)

11. Plana ùrachaide Lèirsinn

- 11.1 Bhruidhinn ED mun phàipear, a' toirt fiosrachadh do bhuill air obair deasachaidh air plana pròiseict gus an Lèirsinn ùr a lìbhrigeadh.
- 11.2 **Co-dhùnadh:** 1) thèid feuchainn ris an obair seo agus obair Còmhradh Ro-innleachd Riaghaltas na h-Alba (thèid impidh a chuir air a' bhuidheann an aithisg a lìbhrgeadh gu luath) a dheanamh aig an aon àm ged a bha tuigse ann nach robh ceangal dìreach ann eadar na dhà; 2) thug buill fa-near don phàipear agus thig seo fa chomhair a' Bhùird sna miosan air thoiseach.
- 12. Planadh dol an sàs luchd-ùidh**
- 12.1 Bhruidhinn ED mun phàipear, a' toirt fiosrachadh do bhuill air cumail suas agus leasachadh dhàimhean adhartach le luchd-ùidh.
- 12.2 **Co-dhùnadh:** 1) thèid ballrachd nan Comataidh Taghte a chuaireachadh air buill; 2) thig fios às ùr air beulaibh a' bhùird aig an ath choinneamh. **(ED)**
- 13. Là Ro-innleachd – deasachadh**
- 13.1 Bhruidhinn ED mun phàipear, a' toirt fiosrachadh do bhuill air an là a thèid a chumail air 31/3/20.
- 13.2 **Co-dhùnadh:** 1) is iad na prìomh chuspairean ro-innleachd nam meadhanan didseatach agus modail craolaidh neo-eisimeileach, le dùil a-nis gum bi an Lèirsinn air a dheasbad air là eile agus thèid clàr-ama an là a chuaireachadh air buill.
- 14. Aithisg an Àrd-Oifigeir**
- 14.1 Bhruidhinn DC mun phàipear, a' toirt fiosrachadh do bhuill air prìomh theachdaireachdan.
- 14.2 Chaidh taing an Àrd-Oifigeir a thoirt don luchd-obrach airson an cuid obrach leis gu bheil am buidheann airson a' cheathramh bliadhna ainmichte airson aon de na h-àiteachan as fheàrr a bhith ag obair.
- 14.3 Chaidh a dhaingneachadh gu bheil Katie Fhoirbeis BPA deònach còmhraidean sam bith a chumail le MG ALBA mu rud sam bith.
- 14.4 Poileasaidh Tuarastail na buidhne – chaidh aontachadh aig coinneamh bùird roimhe a dhol le poileasaidh tuarastail Riaghaltas na h-Alba. Ri linn poileasaidh tuarastail ùr a bh' air beulaibh bhall a chaidh fhoillseachadh air 6/2/20 agus a bha eadar-dhealaichte ris a' phoileasaidh a chaidh aontachadh roimhe, chaidh aontachadh a dhol leis a' phoileasaidh ùr.
- 14.5 **Co-dhùnadh:** a dhol le poileasaidh tuarastail Riaghaltais na h-Alba airson MG ALBA airson 2020-21.

- 14.6 **Gníomhan**: 1) am Plana Obrachaidh atharrachadh gus teachd-a-steach iomlan £12.98m a shealltainn (**NMG**); 2) thig aithisg air Adhartas nas Luaithe air beulaibh a' bhùird (no tro Chomataidh Inbhean ma tha sin nas iomchaidh) aig an ath choinneamh (**DC**); 3) thèid coimhead ri Togail Fàire (horizon scanning) air là ro-innleachd air 31/3/20.

15 Clàr Riogsan

- 15.1 Chuir DMD slide air beulaibh bhall mun t-suidheachadh le Choròna-Bhòras agus na bha am buidheann a' dèanamh gus na ceumannan iomchaidh a ghabhail. Chaighd iomradh a thoirt air gach pìos de obair MG ALBA – luchd-obrach, solaraichean, ionmhas, playout, prògraman agus luchd-amhairc agus an obair a bha buidheann leithid Leantainneach Gnothaich agus Riosg a' dèanamh.
- 15.2 **Co-dhùnadh**: 1) bha am bòrd riaraichte leis a' chlàr agus mar a tha an sgioba àrd-stiùiridh a' manaidseadh chùisean Coròna-Bhòras agus 2) thèid am bòrd an cumail fiosraichte gu cunbalach air càite a bheileas le cùisean fhads a thathas a' gluasad suas na h-ìrean.

16 Cunntasan stiùiridh

- 16.1 Bhruiddhinn NMG mu na cunntasan stiùiridh, a bha mu thràth air a dhol tron Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh.
- 16.2 **Co-dhùnadh**: thug buill fa-near do na cunntasan.
- 16.3 **Gníomhan**: thèid cumail ris a' phlana am pacà cunntasachd a dhèanamh nas giorra. (**NP**)

17 Poileasaidhean

- 17.1 Bhruiddhinn DC mu na poileasaidhean a bha air beulaibh bhall – 1) Ag obair gu h-Aonarachd [Lone Working]; 2) Ro-uallach [Stress] agus 3) Urram san Àite-obrach [Dignity at Work]
- 17.2 **Co-dhùnadh**: chaighd na poileasaidhean aontachadh agus thèid am foillseachadh agus an cuir fa chomhair luchd-obrach, le trèanadh iomchaidh sam bith.

18 Ceadan sònraichte

- 18.1 Cha robh gin sa chairteal seo.

19 Measadh agus Leasachadh nam Ball

- 19.1 Bhruiddhinn DC mun phàipear, a' toirt fiosrachadh do bhuill gus bunait a thoirt do bhuill airson an cuid obrach mar bhuill.

- 19.2 Le uallach dha chuir air an àrainneachd sa bheil bùird ag obair, agus a rèir molaidhean aithisg Wylie & Bisset, tha uallach air a' bhòrd measadh a dheanamh agus dòigh a lorg a dheanamh ann an dòigh foirmeil ach gun a dheanamh ro dhuilich.
- 19.3 **Co-dhùnadh:** 1) buill den beachd ged a bha am moladh air am beulaibh freagarrach don sgioba àrd-stiùiridh, gu robh e ro dhomhainn agus duilich do bhuill agus ged a bha buill a' taghadh rudan airson leasachadh feumail agus riatanach, gu bheil planaichean leasachaидh pearsanta cus; 2) thèid coimhead ri ionnsachadh a dheanamh nas neo-fhoirmeil le brath-aithris ga deanamh an dèidh gach coinneamh; 3) thèid coimhead ri dòigh a lorg a tha a' coileanadh na tha an Riaghaltas a' faicinn iomchaidh fhaighinn.
- 19.4 **Gníomhan:** 1) còmhraidhean a thòiseachadh le Wylie & Bisset gus siostam iomchaidh a lorg **(DC)**

20 Aithisgean dèanadais – Q3 2019/20

- 20.1 Bhruidhinn IMT mun phàipear, a' toirt fiosrachadh do bhuill mun aithisgean ràitheil air Ionmhas, BBC ALBA, Air-loidhne agus na Meadhanan Sòisealta.
- 20.2 **Co-dhùnadh:** thug buill fa-near do na aithisgean.
- 20.3 **Gníomhan:** cuireadh a thoirt do Neach eòlaiche rannsachaيدh bhon BhBC a thighinn a bhruidhinn ris a' bòrd gach bliadhna, a' tòiseachadh san Ògmhios. **(MAMI)**

21 GISBE

- 21.1 Thèid cuireadh a thoirt do Neil Doncaster bhon SPFL gu dìnnear agus coinneamh bùird an Ògmhios agus thèid briefing a thoirt do bhuill ro-làimh. **(MAMI/DC)**
- 21.2 Thèid beachdachadh air Tasglann Didseatach Gàidhlig a chuir air clàr-chùisean a' bhùird no Comataidh Inbhean san ùine tha romhainn. **(DC)**
- 21.3 Thèid fiosrachadh a sgaoileadh air buill Chomataidh Inbhean mu thuras gu TG4, le fàilte ro bhall sam bith eile a bha airson a dhol ann. **(DC)**
- 21.4 Meal-a-naidheachd gu Catriona Black, Am Bocsa airson duais a bhuanachadh aig an *New Renaissance Film Festival*.

22 Deit na h-ath choinneimh – 9 & 10/6/20.

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: